

1.

Coimhearsnachd | Community

Sgrìobh ✎ - Cuir Gàidhlig air an earrainn gu h-ìosal mu aiste a sgrìobh Clive James ann an 1991 ri lorg an seo: Gàidhlig ann an Albainn: Sòisio-chànanachas agus poileasaidh cànan. Clàr Sgrìobhaidh 1980-2011 le notaichean. Wilson McLeod & Irene Pollock. Air fhoillseachadh le Oilthigh Dhùn Èideann: www.gaidhlig.scot/wp-content/uploads/2016/12/CR00-Bibliography-Uni-of-Edinburgh-March-2011-Gaelic-with-notes.pdf

Even though James wrote this essay in the nineties, his ideas are still valuable. As expected, the essay starts with an explanation of the nature of the Gaelic community at the time: how many people spoke the language, where they lived, how old they were and so on. There was a strong support for Gaelic to be seen, but the decline continued. James did his research in relation to areas/local authorities. He focused on the effects of tourism and immigration, and looked at the characteristics of the community and local businesses such as crofting.

According to James, the five types of development that were promoted by Comhairle nan Eilean have an important part/role: work, housing, transport, education, and infrastructure (e.g. drainage and electricity). The grants that were available were very helpful in terms of the development of the community, the language, and the economy. HIE (HIDB at the time of writing) is at the heart of the grants. James uses summaries of other reports as well. At the end of the essay, James compares the Western Isles with the Faroe Islands, where language revival has been much more successful.

2.

Club Ball-coise Nis | Ness F.C. Social Club

Èist  - Seo an tar-sgrìobhadh bhon chlàradh air **Tobar an Dualchais:**

www.tobarandualchais.co.uk/track/49507 [0:54-3:01]

Dòmhnall Mac a' Ghobhainn: *Dè an diofar bu mhotha a dhèanadh e, 's dòcha, dhan eilean air fad nam bitheadh diofar 'chlubs' dhen t-seòrsa seo ann?*

Iain Gòrdan Dòmhnallach: *Uill, anns a' chiad àite, tha mi a' smaoineachadh... far a bheil 'club' agad ann an coimhearsnachd, tha an t-airgead a tha thusa a' cur a-steach, tha tòrr dheth a' dol a thighinn air ais dhan a' choimhearsnachd ann an dòighean eadar-dhealaichte. Man a tha taigh-òsta, tha an t-airgead a tha thu a' cur a-steach ann an sin, tha e a' dol a phòcaid chuideigin mar as trice. Ach le 'club' mar seo, faodaidh e a thighinn air ais agus feum a dhèanamh dhan a' choimhearsnachd ann an dòighean eadar-dhealaichte.*

Dòmhnall Mac a' Ghobhainn: *Tha mi a' tuigs' gu bheil ceangal beag fhathast eadar saoghal nam bothain agus an 'cluba'. Nach robh beagan airgead air fhàgail ann an sporan am bothan a tha ri taobh ann an seo?*

Iain Gòrdan Dòmhnallach: *Ò bha. Nuair a dh'fhosgail an 'club', bha sin... bha sin mar mheadhan air cur às dha na bothain ann an sgìre Nis, agus Bothan Eòrapaidh, nuair a dhùin iad, bha sporan aca air fhàgail le beagan airgid ann, agus cheannaich iad 'colour television' dhuinn le sin, agus tha i againn fhathast.*

Dòmhnall Mac a' Ghobhainn: *A' sealltainn a-nis ri taobh eile co-cheangailte a-rithist ri taobh comataidh a' bhall-coise, a tha co-cheangailte ris a' chlub e fhèin a-rithist, tha mi a' tuigse gu bheil gnìomhachais agaibh a' dol, mar gum b' eadh, a tha a-rithist a' leantainn rudan a tha air a bhith a' dol an seo bho chionn fhada.*

Iain Gòrdan Dòmhnallach: *'S ann mu dheidhinn na mònach, tha mi a' creidsinn, a tha thu a' bruidhinn. Tha, bho chionn trì bliadhna, thòisich Club Ball-coise Nis a' buain mhònach airson reic ri daoine a bha feumach air mòine a bhuain dhaibh, man seann daoine, agus tha e ag obair cho garbh math. Bìtear a' buain an t-uabhas de mhòine air blàr tha 'd an dèidh faighinn, a-muigh air a' mhòintich. Agus tha iad an-dràsta a' buain. Agus nuair a bhios i deis, bidh 's dòcha fichead lod aca, 's bidh iad a' reic... a' reic a h-uile lod a tha sin ri, gu h-àraid, seann daoine... seann daoine sgìre, nach urrainn dhaibh fhèin a' mhòine a bhuain. 'S tha iad a' faighinn na mònach an ìre mhath saor, agus tha iad uabhasach toilichte gu bheil Club Ball-coise Nis a' dèanamh seo dhaibh.*

Sgrìobh  - Thoir sùil air an tar-sgrìobhadh a-rithist. Feuch an lorg thu dà ainmear ann a bu chòir a bhith san tuiséal ghinideach, ach nach eil. Cuimhnich nach bi daoine a' cleachdadh an tuisèil ghinidich gu ceart an-còmhnaidh ann an còmhradh nàdarra.

3.

Na Stocainnean | The Socks

Làrna-mhàireach bha Iain – am mac a b' òige a bh' aig a' bhanntaich – anns an sgoil. Ged a bha e beag, bha e làidir agus bhiodh e an-còmhnaidh a' sabaid.

'S ann an clas Miss MacDonald a bha e. Bha Miss MacDonald cruaidh air a' chloinn; bha i àrd, tana, coltach ri peansail, ach bha teanga bhiorach aice. Bha i a' teagasg cunntadh 's cha robh Iain math air cunntadh.

Bha an clas dìreach air a thighinn a-steach 's bha àireamhan air a' bhòrd-dhubh a dh'fheumadh iad a chur ri chèile, nuair a chunnaic Iain gun robh a stocainnean uaine air mac na banacheaird. Leum e a-mach às a dheasg ag èigheach, "Mo stocainnean, mo stocainnean, tha mo stocainnean air," agus thug e buille do mhac na bana-cheaird.

"Sguir dhen sin anns a' bhad," dh'èigh Miss MacDonald, ach cha do stad Iain. Bha e fhèin 's mac na bana-cheaird a' sabaid ann am meadhan an làir.

"Sguir dhen sin anns a' bhad!" dh'èigh Miss MacDonald a-rithist, agus Iain a' feuchainn ri na stocainnean a spìonadh bho mhac na bana-cheaird. "Càit an d' fhuair thu iad? Ghoid thu iad!"

Bha falt ruadh air mac na bana-cheaird 's bha e beagan na b' àirde na Iain ach cha robh sin a' dèanamh mòran feum dha, oir bha Iain uabhasach làidir.

Rug Miss MacDonald air an dithis aca 's shad i iad bho chèile. Bha a sùilean a' lasadh le feirg.

"Iain MhicAoidh, sguir dhen sin anns a' bhad," bha i ag èigheach. Ach bha Iain e fhèin a' sealltainn le feirg ri mac na banacheaird.

"Dè a-nis a tha seo?" arsa Miss MacDonald.

"Tha mo stocainnean air," dh'èigh Iain, 's cha mhòr gum b' urrainn dha bruidhinn leis an droch nàdar.

"A bheil sin ceart?" arsa Miss MacDonald ri mac na banacheaird.

"Mo mhàthair a thug dhomh iad," ars esan, 's e a' gal.

"Leamsa a tha iad," bha Iain ag èigheach.

Thug Miss MacDonald a-mach strap is thug i trì stràcan do Iain, ach cha tug i gin do mhac na bana-cheaird. Chaidh Iain air ais gu a dheasg 's e a' faireachdainn gu math goirt. "Ma chluinneas mise càil tuilleadh..." arsa Miss MacDonald, 's chaidh i na tàmh.

Ach bha Iain ag ràdh ris fhèin, "Tha mo stocainnean aige agus 's e mise fhuair an t-strap." Agus bha e feargach a-rithist. Cha robh seo ceart. Chan e gun robh e uabhasach dèidheil air na stocainnean, ach 's ann leis fhèin a bha iad, agus bha mac na banacheaird air an goid. Bha sin cinnteach. Bha a bhoisean uabhasach dearg is uabhasach goirt.

Nuair a fhuair iad a-mach airson cairteal na h-uarach, mu aon uair deug, ruith e às dèidh mac na bana-cheaird. 'S e latha bòidheach, tioram, gaothach a bh' ann, agus rug e air mac na banacheaird ann an diog, agus thòisich e a' spìonadh nan stocainnean dheth. Bha an dithis a'

Cuspair 14B

Duilleag Obrach

Digital content: speakgaelic.scot

B2

cur nan car air talamh cruaidh an raoin-chluiche.

Thug Iain buille do mhac na bana-cheaird agus thòisich an fhuil a' sruthadh às a shròin. Chuir seo eagal air Iain. Dè bha e air a dhèanamh? Bha an fhuil a' sruthadh air na stocainnean fhad 's a bha Iain gan slaodadh. Chunnaic e anns a' mhionaid neasgaid mhòr dhearg air amhaich mac na bana-cheaird agus chunnaic e cuideachd gun robh an geansaidh aige tolltach.

Bha mac na bana-cheaird ri gul. Thug Iain neapraig às a phòcaid.

"Seo dhut," ars esan. Shaoileadh tu nach robh mac na banacheaird air nèapraig fhaicinn a-riamh.

"Cuir ri do shròin e," ars Iain.

Nach e mac na bana-cheaird a bha a' coimhead bochd, na bu bhochda na e fhèin.

Chuimhnich e gum biodh mac na banacheaird casruisgte eadhon nuair a bhiodh an sneachd ann.

"Cùm na stocainnean," dh'èigh e ris. "Cùm na stocainnean." Is thòisich e a' ruith an siud 's an seo. Cha robh a bhoisean cho dearg 's a bha iad 's thòisich e gan sealltainn do na balaich eile. Bha e pròiseil gun d' fhuair e trì stràcan.

Bha e air call cuimhne air mac na bana-cheaird a bha na aonar 's e air na stocainnean a shlaodadh air ais air a chasan. Chaidh Iain suas thuige. "Faodaidh tu na stocainnean a chumail," ars esan.

Agus anns a' mhionaid bha e a' faireachdainn cho math, cho aotrom. Bha e a' smaoinichadh air an teanta anns an robh mac na bana-cheaird a' fuireach.

Bhiodh e fhèin 's feadhainn de na balaich a' togail teanta as t-samhradh ach bhiodh mac na bana-cheaird a' fuireach ann an teanta fad na tìde. 'S bha eich aca. Bha feadhainn de na balaich eile a' gabhail brath air mac na bana-cheaird 's ag èigheach "stocainnean, stocainnean" ris, ach chaidh Iain suas far an robh iad 's thuirt e, "Thug mi dha iad. 'S mar sin, shut up."

Agus bha e a' coimhead cho fiadhaich 's gun do stad iad.

Feasgar sin fhèin nuair a chaidh e dhachaigh thuirt a mhàthair ris, "Ò, thug mi do stocainnean uaine do bhana-cheaird. Cha robh thu gan cleachdadh co-dhiù."

Cha tuirt Iain smid. Cha robh a làmhnan a-nis goirt idir.

Sgrìobh  - Nuair a tha thu air a leughadh, sgrìobh **lèirmheas** air an sgeulachd.

- **Caractaran** - Cò ris a tha tidsear na sgoile coltach? Ciamar a bha an dà bhalach coltach no eu-coltach ri chèile?
- **Suidheachadh** - Càit a bheil an sgeulachd stèidhichte?
- **Cuspairean** - Dè na prìomh chuspairean air a bheil Mac a' Ghobhainn a' togail?
- **Stoidhle** - A bheil Mac a' Ghobhainn a' cleachdadh stoidhle sònraichte?
- **Teachdaireachd** - A bheil leasan ann dhuinn?

1 - Coimhearsnachd | Community

Ged a sgrìobh James an aiste seo anns na naochadan, tha na beachdan aige fhathast luachmhor. Mar a bhiodh dùil, tha an aiste a' tòiseachadh le mìneachadh air nàdar na coimhearsnachd Gàidhlig aig an àm: cia mheud duine a bha a' bruidhinn a' chànain, càit an robh iad a' fuireach, dè an aois a bha iad agus mar sin air adhart. Bha taic làidir dhan Ghàidhlig ri faicinn, ach bha an crìonadh a' leantail air. Rinn James an sgrùdadh aige a thaobh sgìrean/ùghdarrasan ionadail. Tha e a' cur an fhòcais air buaidhean turasachd agus in-imrich, agus a' coimhead air feartan na coimhearsnachd agus gnìomhachasan ionadail leithid croitearachd.

A rèir James tha pàirt chudromach aig na còig seòrsaichean leasachaidh a bha air an adhartachadh le Comhairle nan Eilean: obair, taighean, còmh dhail, foghlam, agus bunstructar (me drèanadh agus dealan). Bha na tabhartasan a bha rim faighinn gu math cuideachail a thaobh leasachadh na coimhearsnachd, a' chànain, agus an eaconamaidh. Tha HIE (HIDB aig àm an sgrìobhaidh) aig cridhe nan tabhartasan. Tha James a' cleachdadh geàrr-chunntasan aithisgean eile cuideachd. Aig deireadh na h-aiste, tha James a' dèanamh coimeas eadar na h-Eileanan an Iar agus na h-Eileanan Fàro, far a bheil an t-ath-bheothachadh cànan air a bhith mòran nas soirbheachaile.

James, Clive (1991). 'What Future for Scotland's Gaelic-speaking Communities?', in *Linguistic Minorities, Society and Territory*, ed. by Colin H. Williams, 173-218. Clevedon, Avon: Multilingual Matters.

2 - Club Ball-coise Nis | Ness Football Club

Dòmhnall Mac a' Ghobhainn: Tha mi a' tuigsinn gu bheil ceangal beag fhathast eadar saoghal nam bothain agus an cluba. Nach robh **beagan airgead** (> beagan airgid) air fhàgail ann an sporan **am bothan** (sporan a' bhothain) a tha ri thaobh ann an seo?

3 - Na Stocainnean | The Socks

Na freagairtean pearsanta aig an luchd-ionnsachaidh an seo.